

Pàirt 1

- a. Cia mheud cànan a tha san t-saoghal?
- b. Dè tha seo a' dearbhadh? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

	Nach eil mòran chultaran anns an t-saoghal.
	Gu bheil mòran chultaran anns an t-saoghal.
	Gu bheil barrachd chultaran anns an t-saoghal na bha a-riamh.

- c. Dè an staid anns a bheil cuid de na cànanin seo?
- d. Cia mheud cànan a tha san t-suidheachadh seo?
- e. Dè an staid anns a bheil a' Ghàidhlig? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa.

	Chan eil i cho fallain 's a dh'iarradh sinn.
	Tha i ann an staid èiginneach.
	Mairidh i airson co-dhiù trì cheud bliadhna eile.
	Tha i nas fhèarr dheth na a' chuid as motha de chànain.

1

1

1

1

2

Pàirt 2

- a. Ainmich ‘dà chànan mhòr’.
- b. Ainmich aon rud a tha air feum a dhèanamh dha na ‘cànain mhòra’.
- c. Dè tha air a ràdh mu thaobh siar na Gàidhealtachd ceud bliadhna air ais?
- d. Dè bhios a’ tachairt nuair a bhios strì eadar ‘cànan beag’ agus ‘cànan mòr’ a rèir Magaidh Nic a’ Ghobhainn? Cuir ✓ ann an **dà** bhogsa?

2

1

1

2

	Bidh meas air a chur air a’ chànan mhòr.
	Bidh taic air a thoirt dhan chànan bheag.
	Bidh cùl air a chur ris a’ chànan bheag.
	Bidh fear de na cànain a’ bàsachadh.

Pàirt 3

- a. Dè am beachd a th' aig cuid air cho cudromach 's a tha cànain? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Nach bu chòir dhuinn airgead a chosg orra.
	Nach eil càil cho cudromach riutha.
	Nach eil e gu diofar ma bhios iad a' bàsachadh.

- b. Carson a tha Magaidh Nic a' Ghobhainn ag ràdh gur e call mòr a th' ann nuair a bhàsaicheas cànain?

1

- c. Carson a tha sinn a' cur dìon air beathaichean gus nach tèid iad à bith? Cuir ✓ ann an **aon** bhogsa.

1

	Tha fios againn nach bi an saoghal cho sònraichte mura bi iad ann.
	Tha sinn a' faireachdainn duilich air an son.
	Cha bhi biadh gu leòr againn às an aonais.

- d. Nuair a bhàsaicheas cànain, dè eile a bhios a' dol à bith?

2

An earrann gu lèir

Smaoinich air an earrainn air fad.

- e. i. Nad bheachd-sa, dè am prìomh amas a bha aig Magaidh Nic a' Ghobhainn anns an earrainn seo?
- ii. A bheil thu ag aontachadh ri beachd Magaidh Nic a' Ghobhainn? Inns carson.

1

2

20